



Ged nach tèid fhaicinn gu tric, tha iomhaigh uabhasach làidir aig cat fiadhaich na h-Alba, ach dh'fhaodadh gu bheil nas lugha na 400 air fhàgail ann an Alba.

An cat fiadhaich – ga chumail fiadhaich

Tha an iomagain gun tèid cat fiadhaich na h-Alba à bith air dòighean ùra a chruthachadh gus na cait a chumail an tè dhe na prìomh àrainnean mu dheireadh aca.

Tha Pròiseact ùr, annasach ga chur an gnìomh ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ag amas air a' bheathach dhiomhair, èalaidheach na Gàidhealtachd a chumail ann.

Tha daoine is buidhnean a leithid gheamairean, bhuidhnean cùraim chat, bheataichean, is daoine àbhaisteach aig a bheil cait, uile an sàs sa phròiseact glèidhidh seo de dh'iomairtean ùra a-chum maith nan cat iongantach, miorbhaileach seo.

Tha diofar thuairmse gan dèanamh air àireamh nan cat fiadhaich air fhàgail an Alba, ach fhoillseachadh aithisg leis an Aonad Rannsachaidh Glèidhteachais Fiadh-bheatha Oilthigh Oxford an 2004 le tuairmse gu robh na bu lugha na 400 ann.

Is Am Monadh Ruadh na prìomh àrainn den chat fiadhaich agus tha am pròiseact agus iomairtean a lùib air aire dhaoine a tharraing do bheathach ris an canar 'Tigear na Gàidhealtachd'. Tha na h-iomairtean seo a' toirt am follais an dà chuid; cor cugallach a' bheathaich agus nas urrainn do dhaoine uile a dhèanamh ach an tèid an cat seo, an aon chat air fhàgail a bhuineas do dh'Alba, a glèidheadh air ar n-àrainneachd.

Is fear Dàibhidh Hetherington manaidsear a' phròiseict seo; pròiseact ag amas air an dà phrìomh thoradh – a' toirt a-steach cleachdaidhean-smachdaidh ainmhidhean-seilge nach dèan cron aig an aon àm air a' chat fiadhaich agus a' cur tuilleadh uallaich agus dhleastanasan air daoine aig a bheil cait. Mhinich Dàibhidh, "Is gintinn le cait challa an cunnart as motha don chat fiadhaich.

Tha seo a' cruthachadh chat tàr-ghnè agus e duilich an aithneachadh bho fhìor chat fiadhaich."

"Tha cunnart ann gun caill sinn cat fiadhaich na h-Alba ri linn gintinn eadar gnè chat agus ghalairean chat challa. Tha sinne, mar seo, ag iarraidh air daoine aig a bheil cait, ann am bailtean mòra, bailtean beaga agus tuathanasan air feadh na Pàirce Nàiseanta na cait a dhèanamh searg is banachdach. Tha sinn a' cumail thachartasan gus aire dhaoine a thogail, ag obrachadh le bheataichean an àite agus buidhnean-cùraim chat, leithid Cat Protection, a' brosnachadh dhaoine a dhol an sàs san iomairt."

Thathas a' faicinn chat torrach tuathanasan na sgìre far am faod an cat fiadhaich a bhith air leth cudromach san iomairt seo. Sa phàirc nàiseanta, lorgas iad mar as tric air oir tuathanais, mòintich agus an coilltean. Tha seirbheis an asgaidh ga toirt seachad le Cats Protection airson glacadh agus seasgachadh chat tuathanais agus an uair sin gan cur air ais. Tha seo a' ciallachadh gum faigh na tuathanaich, aig a bheil cait airson smachd a' cumail air a leithid radan agus luch, an cumail gun àireamh nan cat a' fàs gu ìre ro àrd le buaidh air a' chat fiadhaich no air fiadh-bheatha eile.

"Tha cunnart ann gun tèid cat fiadhaich na h-Alba à bith ri linn gintinn eadar gnè chat agus le galairean."

2



2

Tha e deatamach gun tèid co-obrachadh le tuathanaich agus le daoine air tuath a-chum is nach dèan na cait aca cron air an fhiadh-chat.

3

Rinneadh an siostam seo airson comharrachadh nan fìor chat fiadhaich le Anndra Kitchener aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Comharran bèin


Tha rannsachadh air nochdadh gu bheil gintinn eadar diofar gnè ri linn diofar meud chat, chomharran bèin agus chruthan gnèitheach chat fiadhaich an Alba. Aithneachar fhathast ge-tà na diofar seòrsa chat. Thathas a' coimhead ri comharran bèin airson dearbhadh cò iad na cait a tha neo-challa agus cò iad na fìor chait fhiadhaich le laghan tèarainteachd ann mun coinneamh.

Fhoillseachadh clàr agus dealbhan de chomharran bèin chat fiadhaich an 2004 agus nochd e bhò chionn ghoirid san iris Scottish Gamekeeper (feuch gu h-ìosal). Tha am pròiseact a-nis air dreach nas giorra den chlàr seo fhoillseachadh, le cuideam ga chur air an earball tiugh, ana-gheur de chomharran amlach mar dhòigh phractaigeach do gheamairean na cait aithneachadh agus dìon.

Tha Comann Gheamairean na h-Alba a' cumail taic làidir ri obair tèarainteachd nan cat fiadhaich am measg bhall a' chomainn agus iad ris an obair làitheil aca. Tha na còig oighreachdan gu mòr an sàs san iomairt; a' cruinneachadh agus a' toirt seachad fiosrachaidh mun chat fiadhaich agus seallaidhean dhiubh, rud a tha cudromach dha-rìribh airson dearbhadh dè feum a th' anns na dòighean tèarainteachd a thathas a' feuchainn.

Comharran nan Cat fiadhaich:

1. Srian air an druim a' crìochnachadh aig bonn nan earball.
2. Ceann air an earball a tha dubh is ana-gheur.
3. Comharran soilleir amlach air an earball.
4. Srèinean slàna, co-dhiù sa chumantas, air slios an agus ceann-deiridh nan cat
5. Dronn neo-bhallach (faodaidh nach eil na srèinean slàn, ach aithneachar mar shrèinean iad).
6. Ceithir srèinean, tiugha fa leth air cùl nan amhach.
7. Dà shrian thiugh air a' ghuailllean.



An camara-glacaidh

Thathas a' cleachdadh chamara an tè dhe na dòighean ùra airson an tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn mu àireamh nan cat sna prìomh àrainnean aca. Thathar a' cur nan camara air craobhan leis am faighear seallaidhean gu math faisg air a' chat fiadhaich agus air fiadh-bheatha eile. Tha na h-innealan a tha ag aithneachadh gluasad sam bith agus sa bheil teicneòlas 'infrared', a leigeil leis na camarathan dealbhan a thogail de dh'ainmhidhean a' dol seachad thar grunn seachdainean.

"Tha an cat fiadhaich na bheathach diùid is dìomhair a tha mar as trice na thàmh tron latha agus e a' tighinn beò air an oidhche," thuirt Dàibhidh. "Tha na camarathan cianail feumail airson toirt dhuinne tuigse nas motha air far a bheil na cait a' gabhail còmhnaidh, cuin as motha a tha iad a' tighinn beò agus an seòrsa àrainn sa bheil iad. Gheibh sinn mar an ceudna tuigse air far nach eil iad a' fuireach agus, gu dearbha, is fiosrachadh gu cudromach a tha sin cuideachd."

Chumadh obair sgrùdaidh as leth SNH eadar 2006 is 2008 agus fhoillseachadh toraidhean na h-obrach seo na bu tràithe air a' bhliadhna. Fhuairas lorg air prìomh àrainnean còmhnaidh chait fhiadhaich le mòran chlàran air an dèanamh sa Mhonadh Ruadh, sgìre Taobh Tatha agus Siorrachd Obar Dheathain, cho math ri àiteachan iomallach leithid Àird nam Murchan. Cha d'fhuairas, às an obair-sgrùdaidh seo, clàran sam bith airson cheàrnaidhean mòra farsaing de dh'lar-thuath na Gàidhealtachd, Ros an Iar air neo pàirtean de cheann a tuath Shiorrachd Shruighlea, far an deach an clàradh roimhe.

Is Pròiseact Cat fiadhaich a' Mhonaidh Ruaidh fear am measg diofar iomairtean a tha a' leasachadh an tuigse agus eòlais a th' againn mun a' bheathach iongantach seo, a-chum 's gun tèid obair an gnìomh airson an dìon. Is pròiseact com-pàrteachaidh a th' ann sa bheil na buidhnean a leanas an sàs: Ùghdarras Phàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, Coimisean na Coilltearachd Alba, Comann Rìoghail Ainmh-eòlais na h-Alba, Comann



3



4



3
Dàibhidh
Hetherington,
Manaidsear Pròiseict
Cat fiadhaich a'
Mhonaidh Ruaidh, a'
cuideachadh le cur an
àrd camara-glacaidh.

4
Tha an neach-
sgrùdaidh Roo
Caimbeul air
rannsachadh mar a
chleachdas fàilidhean
agus biathadh airson
tàladh nan cat chun
nan camara.

5
Thogadh an dealbh
seo de chat fhireanta
le camara-glacaidh
agus chithear air
earball tiugh,
ana-gheur chait
fhiadhaich air a bheil
comharran dubha
amlach.

6
Thogadh an dealbh-
camara den cat seo air
an oidhche le
camara-glacaidh ann
am Pàirc Fiadh-
bheatha na
Gàidhealtachd, faisg
air an Aghaidh Mhòir.



Gheamairean na h-Alba agus Dualchas Nàdair na h-Alba.

Is an cat fiadhaich an gnè chat gnèitheach mu dheireadh air fhàgail againn an Alba, agus tè am measg 32 gnè ainmhidh air a bheileas ag amas le obair ghlèidhteachais lomairt Gnìomh Ghnèithean.

Gheibhear an tuilleadh fiosrachaidh mun h-Alba agus mun a' phròiseact aig www.highlandtiger.com agus www.snh.gov.uk/protecting-scotlands-nature/species-action-framework/speciesaction-list/wildcat

Dè mar as urrainn dhuibhse cuideachadh nan cat fiadhaich?

Ma tha sibhse a' fuireach an àite sa bheil an cat fiadhaich, dèanaibh cinnteach gu bheil an cat agaibh seasg is banachdach. Bu chòir cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil micro-chip agus coilear air na cait agaibh (ach an tèid aithneachadh mar pheata).

Faodar innse mu sheallaidhean den chat fiadhaich, le dealbh-camara ma ghabhas a thogail, do Phròiseact Cat fiadhaich a' Mhonaidh Ruaidh (leis an foirm aig www.highlandtiger.com, air a' fòn aig 01479 873 535) air neo aig oifis ionadail SNH.

Ma lorgas sibh cat marbh air an rathad, agus tu a' smaointinn gur e cat fiadhaich no cat tàr-ghnèitheach (anns a bheil cuid de chomharran chait fhiadhaich), bhiomaid fada nur comain nan toireadh sibh dhuinne buill-sampaill dhe aig tè dhe na h-oifisean ionadail aig SNH air neo aig Pàirc Fiadh-bheatha na Gàidhealtachd faisg air an Aghaidh Mhòir.